

Comhairle na Gàidhealtachd

Tuairisgeul Obrach

Seirbheis: Foghlam agus Ionnsachadh **Earrann:** Foghlam

Tìotal Obrach: **Neach-obrach Thràth-bhliadhnaichean**

Ìre agus Tuarastal: HC0535 (a' buntainn ri luchd-obrach a tha air an teisteanas iomchaidh a choileanadh, stèidhichte air 23 uairean san t-seachdain thairis air 40 seachdain)
Bidh an tuarastal mar as trice air a' chiad phuing den sgèile.

Do luchd-obrach a tha ag obair gu ruige teisteanas iomchaidh, ach nach eil air a choileanadh fhathast, builichear an sgèile tuarastail a leanas:
HC0435 Gun teisteanas (stèidhichte air 23 uairean san t-seachdain thairis air 40 seachdain)
Bidh an tuarastal mar as trice air a' chiad phuing den sgèile.

Stèidhichte: Bun-sgoil

Cunntachail do: Ceannard na Sgoile

Adhbhar Obrach: Obrachadh mar bhall èifeachdach de sgioba, a' lìbhrigeadh seirbheis tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne a tha sùbailte agus àrd-inbhe agus a choinnicheas ri feumalachdan chloinn òga agus an teaghlaichean.

Prìomh

Dhleastanasan:

- Obrachadh ann an com-pàirteachas leis an Àrd-Sgioba-Stiùiridh, luchd-obrach tràth-ìre, coimhearsnachd na sgoile san fharsaingeachd, pàrantan/luchd-cùraim agus buidhnean eile gus cur ri sgioba èifeachdach agus a bhith gu tur an sàs anns gach taobh de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne
- Tràth-ìre a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais a lìbhrigeadh gus coinneachadh ri feumalachdan na cloinne uile
- Dealbhadh, measadh, amharc, agus clàradh iomchaidh a chumail suas
- Goireasan eagrachadh is a dheasachadh gus taic a thoirt do gach taobh de bhith a' lìbhrigeadh a' churraicealaim
- Dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionad na àrainneachd bhlàth, bhrosnachail is fhàilteachail do chloinn òga agus an teaghlaichean
- Cuideachadh le cùram pearsanta agus maitheas na cloinne uile
- An t-Àrd-Sgioba-Stiùiridh a chuideachadh ann a bhith a' cleachdadh Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd gus dèanamh cinnteach gu bheil ag aithneachadh feumalachdan taice a bharrachd aig ìre thràth
- Poileasaidh 'doras fosgailte' a bhrosnachadh agus obrachadh le pàrantan/luchd-cùraim gus togail air eòlasan-ionnsachaidh na cloinne
- Coinneamhan tùsail le pàrantan/luchd-cùraim agus feasgaran co-chomhairleachaidh le pàrantan/luchd-cùraim/luchd-obrach a ghabhail os làimh
- An t-Àrd-Sgioba-Stiùiridh a chuideachadh ann a bhith a' dealbhadh is a' lìbhrigeadh bhùithtean-obrach curraicealaim do pàrantan/luchd-cùraim
- Aithisgean bliadhnail foirmeil a chrìochnachadh airson an co-roinn le pàrantan/luchd-cùraim agus luchd-obrach taobh a-staigh na Tràth Ìre
- Obrachadh ann an com-pàirteachas leis an Àrd-Sgioba-Stiùiridh gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean agus measaidhean cunnairt air an crìochnachadh agus air an ùrachadh mar bu chòir
- Cur ris a' phròiseas Fhèin-Mheasaidh mar phàirt de Sgioba Thràth-ionnsachaidh agus Chùraim-chloinne
- Dleastanasan a ghabhail os làimh a tha a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic is leasachadh do dh'òileanaich cholaiste a tha air greisean-obrach no preantasachdan ùr-nodha
- An t-Àrd-Sgioba-Stiùiridh a chuideachadh ann a bhith a' deasachadh agus a' cruinneachadh fianais airson tadhalan bho Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus Foghlam Alba
- Taic speisealta a thabhann do luchd-obrach agus do chloinn san ionad thràth-ionnsachaidh agus chùraim-chloinne, taobh a-staigh buidheann

- sgoiltean co-cheangailte ainmichte mar a tha a dhìth
- Taic eadar-ghluasadach a thabhann thar na Tràth Ìre, a' co-obrachadh le tidsear clas a h-aon, luchd-obrach tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne, pàrantan/luchd-cùraim agus coimhearsnachd nas fharsainge na sgoile mar a tha dhìth.

Dleastanasan Eile: Dh'fhaodte gum feum thu dleastanasan a ghabhail os làimh, a tha iomchaidh a thaobh na dreuchd, a bharrachd air an fheadhainn a tha air an toirt seachad san t-sònrachadh obrach. Dh'fhaodte gum bi atharrachadh sna dleastanasan sònraichte a tha co-cheangailte ri dreuchdan, gun a bhith ag atharrachadh coltas coitcheann nan dleastanasan no an ìre dleastanais a tha nan lùib. Tha atharrachaidhean leithid seo cumanta agus cha bhiodh iad dhiubh fhèin a' ciallachadh gum biodh e iomchaidh beachdachadh a-rithist air ìre na h-obrach. Mar thoradh air atharrachaidhean leithid seo bidh e riatanach an sònrachadh obrach seo ùrachadh bho àm gu àm.

Cumhaichean Sònraichte:

40 seachdain sa bhliadhna agus cuibhreann airson saor-làithean a bu chòir a ghabhail ann an saor-làithean na sgoile.

Ceann-latha:

19 Cèitean 2017

Comhairle na Gàidhealtachd

Sònrachadh Neach

Seirbheis:	Foghlam agus Ionnsachadh
Tìotal Obrach:	Neach-obrach Thràth-bhliadhnaichean
Stèidhichte:	Bun-sgoil
Ceann-latha:	

Feartan Riatanach

Gus dleastanasan na dreuchd seo a ghabhail os làimh gu h-èifeachdach is gu sàbhailte, bidh comas aig tagraichean fianais a thoirt seachad air na leanas.

1. **EÒLAS -**
Eòlas air a bhith ag obair le clann òga roimhe.
2. **FOGHLAM AGUS TEISTEANASAN –**
Bu chòir dhaibhsan a tha air am fastadh mar Neach-obrach Thràth-bhliadhnaichean – le teisteanas a bhith a’ cumail teisteanas aithnichte ann an Cùram-chloinne agus Foghlam. (Mar eisimpleir HNC/NEB/SVQ 3) agus bidh am pàigheadh aig ìre HC0535.

Bidh e mar riatanas air Neach-obrach Thràth-bhliadhnaichean – gun teisteanas obrachadh gu ruige aon de na duaisean gu h-àrd taobh a-staigh raon-ama aontaichte agus bidh am pàigheadh aig ìre HC0435.

Feumaidh an Neach-obrach Thràth-bhliadhnaichean a bhith clàraichte le Comhairle Sheirbheisean Sòisealta na h-Alba (CSSA) no aontachadh cur a-steach gu CSSA gus clàrachadh mar neach-cleachdaidh. Às dèidh an dreuchd a ghabhail, bu chòir dhan Neach-obrach Thràth-bhliadhnaichean clàrachadh le CSSA.

Ma tha iad clàraichte mar-thà agus ma tha am fastadh aca le Comhairle na Gàidhealtachd a’ ciallachadh gu bheil am fastaiche aca ag atharrachadh, feumaidh iad innse do CSSA mu atharrachaidhean sam bith.

Bhiodh teisteanasan ann an Làimhseachadh Bìdh agus Ciad Chobhair nam buannachdan.

3. **SGILEAN/FEARTAN SAN FHARSAINGEACHD –**
Comas obrachadh mar phàirt de sgioba agus fod stiùir fhèin

Sgilean matha pearsanta agus sòisealta le comas dàimh a thogail is conaltradh le inbhich agus cloinn

Sgilean matha litearrachd agus àireamhachd

Dùil cothroman iomchaidh leasachadh dreuchdail leantainneach a ghabhail os làimh

Earbsach agus sùbailte
4. **SGILEAN/COMASAN SÒNRAICHTE A THAOBH NA DREUCHD –**
Comas spèis a thoirt do dhìomhaireachd

Sgilean matha eagrachaidh

Comas a dhol an gnìomh gu socair agus èifeachdach ann an cùis-èiginn, a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ leantainn nam modhan riatanach uile

Comas àrainneachd obrach mhath is tharbhach a chumail suas

Misneachd ann a bhith a' cleachdadh raon farsaing theicneòlasan

Bu chòir do thagraichean dhreuchdan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith comasach air conaltradh gu fileanta agus a bhith gu tur litearra sa Ghàidhlig.